

MISE

... AGUS MO CHREIDEASAN
TAR-SGRÌOBHAIDHEAN

ÀS2:3



MISE ÀS2:3

EARRAINN EISTEACHD

2. Oidhche Shamhna

Obair 2

Bha geamannan air an cluich cuideachd. Bhiodh clann a' feuchainn ri ùbhlán a ghluacadh nam beul a-mach à peile uisge. Chan fhaodadh iad an làmhán a chleachdadh. Bhiodh cuid a' feuchainn ri bonnach a bha còmhdaichte le trèiceil ithe fhad 's a bhiodh e crochte air pìos sreing agus na sùilean aca còmhdaichte. Tuigidh tu am bùrach a bhiodh aca leis a sin!

'S e an aon seòrsa chleachdaidhean a th' aca ann an Èirinn. A bharrachd air a dhol a-mach timcheall thaighean, bidh teintean mòra ann. B' e seann chleachdadh a bh' ann gum biodh salann ga chur ann am falt chloinne. Rinn daoine seo airson spioradan a chumail air falbh fhad 's a bha iad a' dol timcheall nan taighean.

Tha cèic shònraichte air a dèanamh cuideachd ris an canar 'barmbrack' agus bidh gach duine den teaghlach a' faighinn pìos. Bidh luideag, bonn-airgid agus fàinne air an cur anns a' chèic. Ma gheibh thu luideag, bidh trioblaidean airgid agad. Ma gheibh thu bonn-airgid, bidh bliadhna shoirbheachail agad agus ma gheibh thu fàinne, bidh thu a' tuiteam ann an gaol no bidh thu gu math toilichte airson na bliadhna a tha ri tighinn.

Tha buaidh mhòr air a bhith aig Ameirega air Oidhche Shamhna. Mar eisimpleir, tha peapag a-nis nas cumanta na snèap. Tha iad nas fhasa an gearradh co-dhiù! Bidh cuid de chloinn an dùil ri suiteas gun a bhith a' dèanamh càil ri linn "trick or treat". Cuideachd, bidh barrachd inbhich a' dol gu partaidhean ann an aodach sònraichte. Tha e follaiseach gu bheil Oidhche Shamhna air atharrachadh gu mòr.

MISE ÀS2:3

EARRAINN EISTEACHD

6. An Dà Shealladh – Sìleas NicChoinnich

Bha an dà shealladh aig m' athair. Tha mòran nach eil a' cur sùim sam bith na leithid ach 's urrainn dhomh fianais a thoirt air a' chùis. B' e gibht a bh' ann nach robh e ag iarraidh agus cha bhiodh e fhèin a' bruidhinn air uair sam bith. Bha mo mhàthair ag ràdh gun robh fios aige gu math tric mu rudeigin a bha a' dol a thachairt, glè thrì co-cheangailte ri tubaistean no bàs.

An aon turas a thachair seo na mo bheatha fhèin, nuair a chaidh Iain MacNeacail, bràthair mo mhàthar, às an rathad. Thuit e far làraidh nuair a bha i a' dol timcheall droch lùb air an rathad eadar an cidhe agus ceann a deas Ratharsair. Bha Iain air a dhreuchd a leigeil dheth an dèidh a bheatha a chur seachad air a' phoileas ann an Glaschu. Bha mise air falbh ag obair mar nurs ann an Glaschu aig an àm ach dh'inns mo mhàthair dhomh mu dheidhinn nuair a bha mi air turas dhachaigh.

Thuit i gun robh i fhèin agus m' athair a' coiseachd dhachaigh às an eaglais aon oidhche greiseag ron tubaist. Gu h-obann, rug e air a gàirdean, agus shlaod e a-null gu oir an rathaid i is e ag ràdh gu robh carbad a' tighinn. Bha e air na solais fhaicinn. Chan fhaca mo mhàthair càil agus cha deach carbad seachad agus cha tuirt e fhèin càil mu dheidhinn tuilleadh gu latha na tubaist nuair a thàinig cuideigin ga iarraidh airson cuideachadh. Bha fios aige sa mhionaid gum b' e siud a chunnaic e an oidhche ud. Sgeulachd neònach ach b' e duine math a bh' ann.

MISE ÀS2:3

EARRAINN EISTEACHD

15. Calum Cille

Obair 1

Rugadh Calum Cille ann an Dùn nan Gall an ceann a tuath na h-Èireann timcheall air a' bhliadhna còig ceud fichead 's a h-aon. 'S e prionnsa a bh' ann a bhuineadh do theaghlach rìoghail iar-thuath na h-Èireann. An uair a bha e gu math òg, chaidh e na shaighdear ach nuair a bha e mu fhichead 's a dhà, leig e seachad an t-saighdearachd agus thionndaidh e ris an eaglais.

Cha b' e Calum Cille an t-ainm a bha air an toiseach idir. Ghabh e an t-ainm an uair a thòisich e ag ionnsachadh mun eaglais. Carson a thog e an t-ainm seo? Uill, 's e seo na tha na facail a' ciallachadh:

Calum, bho chalman, an t-eun a tha na shamhla air sìth, agus Cille, bhon fhacal cill, a' ciallachadh eaglais.

Bha e fichead bliadhna ag obair don eaglais ann an Èirinn, agu chuir e air chois manachainn ann an Doire. An dèidh sin chuir e feadhainn eile air chois ann an Ceanannas far an deach leabhar ainmeil a dhealbhadh.

Ann an còig ceud seasgad 's a trì, sheòl e à Èirinn a dh'Alba. 'S e buaireadh mòr a bu choireach gun do dh'fhàg e Eirinn. Tha sgeulachd ann gun do ghabh e iasad de Bhìoball agus nach robh e deònach a thoirt air ais. Bha blàr mòr ann agus chaidh mòran a mharbhadh. Ghabh Calum Cille aithreachas mòr agus chuir e roimhe nach cuireadh e cas air talamh na h-Èireann gu bràth tuilleadh.

Bha feadhainn eile à Èirinn ann an Alba aig an àm. Bha Scotti à Èirinn air ionnsaigh a dhèanamh air Alba an dèidh do na Ròmanaich Breatainn fhàgail. 'S ann bho ainm nan Scotti à Èirinn a thàinig ainm Beurla na h-Alba. Chuir iad rìoghachd air chois air taobh an iar Alba – rìoghachd Dhàl Riata.

MISE ÀS2:3

EARRAINN EISTEACHD

Measadh 4

Camino de Santiago

Bidh mòran a' siubhal air slighean coiseachd leithid Slighe na Gàidhealtachd an Iar airson iomadh adhbhar: slàinte a leasachadh, dùbhlann a dhèanamh, no airgead a thogail. Chan ann tric a nì duine seo airson adhbharan creideimh.

Ach bhiodh daoine a' coiseachd no a' dèanamh taistealachd airson adhbharan creideimh mar chleachdadh. Tha taistealachd a' ciallachadh gu bheil thu a' dol gu àite air sgàth 's gur e àite naomh a th' ann. Ann an Islam, feumaidh gach Muslamach aig a bheil an comas, a dhol gu Mecca co-dhiù aon uair nam beatha, agus ann an Crìosdaidheachd, ann an Alba fhèin, aig aon àm bhiodh slighean trang le taistealaichean a' dol gu Cill Rìmhinn ann am Fìobha, Eilean Ì ann an Earra-Ghàidheal agus Baile Dhubhthaich air a' Ghàidhealtachd.

Math dh'fhaodte gur e an taistealachd Chrìosdail as ainmeile Camino de Santiago – faisg air baile Santiago de Compostela ann an Galicia ann an ceann a tuath na Spàinn. Tha mòran shlighean eadar-dhealaichte air a' Chamino, cuid a' leantainn costa Phortagail, cuid ag èirigh tro na beanntan bhon Fhraing, agus fiù 's tè a' tighinn thar a' chuain à Sasainn. Bidh na mìltean a' cur crìoch air a' chuairt aca anns a' chathair-eaglais a tha ann am meadhan an t-seann bhaile agus bidh iad a' faighinn teisteanas sònraichte.

Dè as coireach gu bheil daoine a' tighinn cho fada dhen cois airson adhradh a dhèanamh? Thathar a' creidsinn gur ann ann an ciste airgid sa chathair-eaglais a tha na cnàmhan aig an Naomh Seumas, fear de na deiscobail aig Ìosa Crìosd. Tha e clàraichte anns a' Bhìoball gur e Seumas a' chiad deiscobal a chaidh a chur gu bàs le dì-cheannadh air sgàth a chreideimh. Tha a chlaigeann fhathast ann an eaglais ann an Ierusalem, ach a rèir beul-aithris, chaidh a chorp a ghiùlan dhan Spàinn far an robh e air a bhith a' searmonachadh roimhe. A rèir na sgeulachd chaidh an corp air chall, ach lorgadh e bliadhnaichean às dèidh làimhe oir bha reul soilleir os cionn an àite far an robh an corp. Thogadh a' chathair-eaglais air an làrach agus 's e fhathast an treas àite as naomhe do Chaitligich às dèidh na Ròimhe agus Ierusalem.

MISE ÀS2:3

EARRAINN EISTEACHD

'S e gnìomhachas mòr a th' anns a' Chamino agus tha clachan-iùil le suaicheantas a' chreachainn (samhla Sheumais) a' stiùireadh dhaoine a tha a' fuireach anns na taighean-òsta agus anns na h-ostailean ris an canar albergues a tha air feadh na slighe. Anns na h-àiteachan seo gheibh na taistealaichean fois on rathad, beagan biadh sìmplidh mar trosg agus buntàta agus cuideachd glainne fion no uisge. Aig gach stad air an t-slighe, bidh iad a' coinneachadh ri daoine bho air feadh an t-saoghail agus a' faighinn comharra air an cead-siubhail a dh'fheumas iad airson teisteanas taistealaiche fhaighinn.

San latha a th' ann, chan eil a h-uile duine a' dèanamh a' Chamino airson adhbharan creideimh, ach chan eil neach ga dhèanamh nach eil air atharrachadh às dèidh an turais shònraichte a tha seo.